

Cuspair Clàir-ghnothaich	7
Àir. Aithisge	G/4/25

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 26 Gearran 2025

Tìotal Aithisge: Adhartas mu choinneimh Plana Gàidhlig 2024–29

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 Tha an aithisg seo a' toirt cunntas air adhartas le bhith a' libhrigeadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29 (PG).
- 1.2 Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cleachdadh Siostam Coileanaidh agus Rianachd Cunnairt (*Performance and Risk Management System* – PRMS) airson a bhith a' sgrùdadh phlanaichean corporra. Chaidh an tionndadh as ùire dhen PG aontachadh air 7 Cèitean 2024.
- 1.3 Tha dàta PRMS air a thaisbeanadh ann an cruth leabhraichean ann an **Eàrr-ràdh 1** agus gheibhear e cuideachd [an seo](#).

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
 - i. beachdachadh air an aithisg agus toirt fa-near dhan aithisg; agus
 - ii. toirt fa-near dhan adhartas a thathar air a dhèanamh le amasan seirbheis corporra a' Phlana Ghàidhlig, mar a thathar a' mìneachadh ann an earrainn 6.

3. Builean

- 3.1 Goireas – Tha libhrigeadh PG air a mhaoineachadh le Comhairle na Gàidhealtachd, tabhartasan Riaghaltas na h-Alba agus diofar shruthan maoinichidh Bhòrd na Gàidhlig (BnaG).
- 3.2 Laghail – Tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd gum bi Plana Gàidhlig aontaichte aice a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha an dleastanas reachdail a' gabhail a-steach uallach a bhith a' buileachadh gheallaidhean PG agus cunntas ceart a thoirt seachad mun deidhinn.

- 3.3 Cunnart – Chan eil cunnartan a’ tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg seo.
- 3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a’ tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh’uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil cunnartan slàinte is sàbhailteachd air an comharrachadh.
- 3.5 Gàidhlig – Tha buaidhean fìor mhath air gleidheadh is leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig thar nan roinnean corporra, foghlaim is coimhearsnachd. Tha seo cuideachd a’ neartachadh luach sòisealta is eaconamach na Gàidhlig is a cultair co-cheangailte.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhleachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a’ beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a’ phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a’ tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 ‘S e aithisg sgrùdaidh agus/no ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) 2024–29

- 5.1 Chaidh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29 aontachadh le Comataidh na Gàidhlig agus leis an Làr-Chomhairle mus deach aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 7 Cèitean 2024. Ann a bhith a’ buileachadh a’ Phlana ùir, thathar air a bhith a’ gluasad bhuilean bhon Phlana a-steach gu PRMS. Tha an gluasad seo a-nis deiseil agus is urrainnear aithris mu choinneimh builean a’ Phlana Ghàidhlig. Mar sin, ‘s e seo a’ chiad aithisg sgrùdaidh iomlan bhon chaidh am PG aontachadh. Tha dàta PRMS ri fhaotainn ann an **Eàrr-ràdh 1** ann an cruth leabhraibh brath-ullachaidh.
- 5.2 Tha 91 gnìomhan comasachaidh ann an ceathramh PG Chomhairle na Gàidhealtachd, a tha a’ gabhail a-steach ceithir cuspairean:
- Coimhearsnachdan agus Dachaigh
 - Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas
 - Gnìomhachas agus an Eaconamaidh
 - Foghlam

Chan eilear an-dràsta a’ toirt cunntas air 13 de na gnìomhan comasachaidh seach nach eil iad air tòiseachadh fhathast.

Thathar air adhartas math a dhèanamh mu choinneimh na mòr-chuid de na ceumannan. Tha ìre de shleamhnachadh ann a thaobh a bhith a’ cruthachadh chùrsaichean togail-aire mun Ghàidhlig. Thathar an-dràsta a’ leasachadh nan

cùrsaichean agus thathar an dùil gum bi iad a rèir a' chlàir-ama ron ath choinneamh de Chomataidh na Gàidhlig.

- 5.3 Tha inbhe RAG gach gnìomh comasachaidh a tha beò an-dràsta taobh a-staigh gach Prìomhachas Ro-innleachdail dhen PG air an liostadh gu h-ìosal:

Prìomhachas Ro-innleachdail 1.1 – Meudaich taic do luchd-cleachdaidh is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig uile, sna coimhearsnachdan aca, agus sna lionraidhean anns a bheil iad ag obair.	
Air Targaid	17
Sleamhnachadh	3
Gun Adhartas Susbainteach	0
Crìochnaichte	0
IOMLAN	20

Prìomhachas Ro-innleachdail 1.2 – Thoir seachad iomairtean gus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg dhaoine òga is theaghlach san dachaigh.	
Air Targaid	6
Sleamhnachadh	0
Gun Adhartas Susbainteach	0
Crìochnaichte	0
IOMLAN	6

Prìomhachas Ro-innleachdail 2.1 – Toradh nam Meadhanan is nan Ealainean Gàidhlig – cruthaich cothroman airson cur an cèill, sgilean, ruigsinneachd, com-pàirteachadh agus cruthachalachd.	
Air Targaid	4
Sleamhnachadh	0
Gun Adhartas Susbainteach	0
Crìochnaichte	1
IOMLAN	5

Prìomhachas Ro-innleachdail 3.1 – Cleachd a' Ghàidhlig ann an gnìomhachasan is iomairtean sòisealta, agus mar stòras eaconamach ann an Alba.	
Air Targaid	4
Sleamhnachadh	0
Gun Adhartas Susbainteach	0
Crìochnaichte	0
IOMLAN	4

Prìomhachas Ro-innleachdail 4.1 – Libhrig brosnachadh is fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach libhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70%* de bhun-sgoiltean a' solarachadh Gàidhlig mar C2 agus C3 gus solar na Gàidhlig a mheudachadh thar an ùghdarras.	
Air Targaid	8
Sleamhnachadh	0
Gun Adhartas Susbainteach	0

Crìochnaichte	0
IOMLAN	8

Prìomhachas Ro-innleachdail 4.2 – Leudaich lìbhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig le barrachd chuspairean àrd-sgoile air an toirt seachad, sgoiltean ùra a sheasas leotha fhèin air an cruthachadh, agus solar ùr airson nan tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil is àrd-sgoil.		
Air Targaid	3	
Sleamhnachadh	3	
	Gnìomh	Beachd
	Buidhnean luchd-ùidhe 3–18 ag ath-sgrùdadh is a’ cumail sùil air modailean ceannardais le cothroman Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd	Tha a’ Ghàidhlig air a gabhail a-steach ann an Ro-ràdh do Cheannardas mar phàirt dhen Acadamaidh Cheannardais Phroifeiseanta.
	Dèan ceangal le luchd-ùidhe air an taobh a-staigh is air an taobh a-muigh gus modail com-pàirteachais a leasachadh	Tha luchd-ùidhe on taobh a-muigh a’ toirt taic do Latha <i>Inset</i> air 19 Gearran.
	Comharraich àite far am faodadh campas 3–18 a bhith ann an Inbhir Nis	Chan eil campas 3–18 mar phàirt dhen phlana chalpa a th’ ann an-dràsta. Tha còmhraidhean a’ dol air adhart le seirbheisean a thaobh nan dòighean as fheàrr gus taic a thoirt do phròiseactan calpa làithreach.
Gun Adhartas Susbainteach	0	
Crìochnaichte	1	
IOMLAN	7	

6. Amasan Seirbheis Corporra

- 6.1 Tha 38 gnìomh a’ buntainn ris na h-Amasan Seirbheis Corporra air am mìneachadh sa Phlana Ghàidhlig. Thèid na h-Amasan Seirbheis Corporra a chleachdadh leis an amas a bhith a’ dèanamh prìomh sheirbheisean na Gàidhlig coitcheann is àbhaisteach thar seirbheisean na Comhairle air fad tro bheatha a’ Phlana.

Feumaidh ùghdarrasan poblach a tha ag ullachadh phlanaichean Gàidhlig iad sin a chur a-steach do gach deasachadh dhen phlana aca leis an tuigse gun tèid iad sin a choileanadh tro fhàs mean air mhean. Tha mòran de na builean rùnaichte sna h-Amasan Seirbheis Corporra gam buileachadh mar-thà tro bhith a’ cumail ri poileasaidh agus stiùiridhean cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd.

6.2 Taisbeanaidhean Didseatach

Chaidh tachartasan Gàidhlig is cultarach, mar Na Trads, a shanasachd o chionn ghoirid air taisbeanaidhean didseatach taobh a-staigh oifisean Chomhairle na Gàidhealtachd agus aig stadan bus agus thathar an dùil Seachdain na Gàidhlig a chur air adhart cuideachd. 'S e dòigh-obrach ùr a tha seo airson a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig agus tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil a' ruigsinn sluagh farsaing is measgaichte ann an àiteachan poblach. Tha an iomairt seo a' taobhadh ris na h-Amasan Seirbheis Corporra a tha a' buntainn ri inbhe is adhartachadh na Gàidhlig agus a' cuideachadh gus an cànan a dhèanamh àbhaisteach. Le bhith a' gabhail brath air an àrd-ùrlar fhollaiseach seo, tha sinn ag amas air aire is cothrom a neartachadh a thaobh nan tachartasan seo.

6.3 Iomairtean air na Meadhanan Sòisealta

Chuir Sgioba na Gàidhlig duilleag ùr Facebook air dòigh gus tachartasan is iomairtean Gàidhlig a chur air adhart: [Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd | Facebook](#).

A bharrachd air a bhith a' co-roinn susbaint Ghàidhlig, thathar air an duilleag a chleachdadh gus iomairtean a chur air adhart air na meadhanan sòisealta. Bha seo a' gabhail a-steach sanasachd mu fhèis ceòl traidiseanta Na Trads a chaidh a chumail ann an Inbhir Nis agus cuideachd iomairt airson a bhith a' cur air adhart foghlam Gàidhlig tro na seachdainean clàrachaidh airson Tràth-ionnsachadh agus Clas 1. Bha an iomairt a' toirt am follais nam buannachdan a tha an lùib dà-chànanais agus Foghlam Gàidhlig agus bha seo cuideachd a' co-thaobhadh ris na gealltanasan sa Phlana Ghàidhlig mu bhith a' brosnachadh Foghlam Gàidhlig fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Chaidh na h-iomairtean a dhealbhadh is a chruthachadh le co-chomhairlichean sna meadhanan sòisealta Gàidhlig agus le taic bhon phròiseact Conaltradh is Corporra, a tha air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig.

6.4 Seanailean Conaltraidh do Luchd-obrach Taobh A-staigh na Comhairle

Thathar air Viva Engage, an t-àrd-ùrlar do luchd-obrach taobh a-staigh na Comhairle, a chleachdadh cuideachd airson tachartasan Gàidhlig a shanasachd agus chaidh dà choimhearsnachd ùr Ghàidhlig a chur air dòigh o chionn ghoirid:

- Coimhearsnachd Naidheachdan is Thachartasan Gàidhlig – [Viva Engage - Naidheachdan agus Tachartasan Gàidhlig](#)
- Coimhearsnachd Foghlam Gàidhlig – [Viva Engage - Foghlam Gàidhlig](#)

Thathar cuideachd an dùil naidheachd Ghàidhlig fhoillseachadh ann an *Staff Connections*. Bidh an naidheachd a' toirt am follais poileasaidhean, planaichean is ro-innleachdan Chomhairle na Gàidhealtachd a tha a' gabhail a-steach na Gàidhlig agus a bhios cuideachd a' stiùireadh luchd-obrach gu cothroman trèanaidh Gàidhlig.

7. Stiùireadh airson Beachdachadh air a' Ghàidhlig ann am Planaichean Àite Ionadail

7.1 Chaidh stiùireadh airson beachdachadh air a' Ghàidhlig ann am Planaichean Àite Ionadail fhoillseachadh o chionn ghoirid agus chaidh a dhealbhadh gus taic a thoirt do choimhearsnachdan a tha airson a' Ghàidhlig a thoirt an lùib nam Planaichean Àite Ionadail aca. Tha Planaichean Àite Ionadail a' toirt cothrom do choimhearsnachdan lèirsinn agus amasan a shuidheachadh airson àm ri teachd an àite aca fhèin. Mar a

tha air a mhìneachadh le Riaghaltas na h-Alba, faodaidh Comhairle Coimhearsnachd no Buidheann fo Smachd Coimhearsnachd sam bith Plana Àite Ionadail ullachadh agus a chur a-steach.

- 7.2 Tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh gum bi Planaichean Àite Ionadail a' gabhail a-steach fòcas air nithean spàsail (talamh is togalaichean) a tha a' buntainn ris an sgìre. Ach, faodaidh Planaichean Àite Ionadail freagairt gu sònraichte air na coimhearsnachdan fa leth a tha gan ullachadh, agus mar sin faodar amasan is miannan eile a chlàradh cuideachd, mar a tha buill dhen choimhearsnachd air a thogail, fiù 's ged nach biodh iad a' buntainn ri nithean spàsail. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach rudan a leithid chlasaichean Gàidhlig.

Tha a bhith ag ullachadh Phlanaichean Àite Ionadail air a stiùireadh le coimhearsnachdan agus ged nach fheum buidhnean coimhearsnachd ealla a ghabhail dhan stiùireadh seo, faodaidh iad sin a dhèanamh ma tha iad ga mheas freagarrach. Chaidh an stiùireadh seo a sgrìobhadh gus cuideachadh a thoirt do bhuidhnean a tha an dùil beachdachadh air a' Ghàidhlig taobh a-staigh nam Planaichean Àite Ionadail aca agus gheibhear e ann an earrann nam Planaichean Àite Ionadail air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhlig: [Planaichean Àite Ionadail](#).

8 Buidheann Buileachaidh Plana na Gàidhlig

- 8.1 Thathar a' stèidheachadh buidheann buileachaidh an-dràsta gus sùil a chumail air mar a thathar a' buileachadh Plana na Gàidhlig. Bheir a' bhuidheann tar-seirbheis taic do bhith a' libhrigeadh phrìomhachasan ro-innleachdail a' Phlana Ghàidhlig, a bhith a' dèiligeadh ri dùbhlain, agus a bhith a' neartachadh co-obrachadh thar seirbheisean na Comhairle. Tha na mion-amasan a leanas aig a' bhuidhinn:

- Co-òrdanaich obair thar seirbheisean gus na gnìomhan a tha air an liostadh sa Phlana a choileanadh.
- Comharraich is dèilig ri dùbhlain a tha mu choinneimh libhrigeadh soirbheachail a' Phlana.
- Cùm sùil air adhartas agus thoir cunntas air adhartas a thaobh a bhith a' coileanadh nan gnìomhan sa Phlana.
- Dèan cinnteach à conaltradh èifeachdach a thaobh a' Phlana thar seirbheisean na Comhairle.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Eadar-amail Foghlam Thràth-bhliadhnaichean agus Bun-sgoile

Ceann-latha: 10 Gearran 2024

Ùghdar: Eoina Rodgers

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: neo-bhuntainneach

Eàrr-ràdhan: Eàrr-ràdh 1 – leabhran dàta PRMS

Gaelic Plan Themes

1: Communities and Home

2: Media, Arts, Culture and Heritage

3: Business and the Economy

4: Education

Strategic Priorities

1.1 Increase support for all Gaelic users and learners, in their communities, and in the networks in which they operate.

1.2 Provide initiatives to encourage Gaelic language learning for young people and families in the home.

2.1 Gaelic Media and Arts output – create opportunities for expression, skills, access, participation and creativity.

3.1 Use Gaelic in businesses and social enterprises, and as an economic asset in Scotland.

4.1 Deliver continued promotion and growth in GME and GLE at all levels including delivery of Gaelic as a modern language.

4.2 Expand the delivery of Gaelic Medium Education [includes creation of new schools and increased provision]

**1.1 Increase support for all Gaelic users and learners, in their communities, and in the networks in which they operate. [1]
Q3 24/25**

Completed

0

On Target

17

Some Slippage

3

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
Continue to support and increase extra-curricular activities which are delivered through Gaelic	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Deliver opportunities to support adult learners within a community context	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Enhance and further develop CLD and development liaison within the standalone Gaelic schools	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
GME schools develop and implement CLD plans to support pupils and wider Gaelic community	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Increase and further develop cultural events in partnership with Gaelic schools	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Increase opportunities for GME pupils to engage in Gaelic arts, music and culture	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Increase sporting and outdoor learning opportunities for GME pupils	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Increase the delivery of Gaelic cultural activities across the Highlands	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Increase the networking support to GME pupils in the secondary schools	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Work with Ainmean-Àite na h-Alba to develop a Gaelic place-name course for GME primary pupils	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing

**1.1 Increase support for all Gaelic users and learners, in their communities, and in the networks in which they operate. [2]
Q3 24/25**

Completed

0

On Target

17

Some Slippage

3

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
Continue to work in partnership to deliver Gaelic sporting and leadership events	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing current practice
Continue to work in partnership to support the deliver of drama/media/cultural events	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing current practice
Deliver a range of inter-generational Gaelic community events	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	Some Slippage		Ongoing current practice
Deliver Gaelic cultural days in partnership with targeted GME schools	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing current practice
Gaelic tutor training event organised annually	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing current practice
In partnership with SMO deliver the Seachdain nan Deugairean project annually	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	Some Slippage		Ongoing current practice
Provide programmes of Gaelic activities/events during school holidays	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing current practice
Provide an annual secondary Gaelic careers event with SDS and other organisations	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing current practice
Progressive programme of adult learning community-based Gaelic classes	Q2 24/25	Some Slippage	Q3 24/25	Some Slippage		Ongoing current practice
Research to identify where former GME pupils have studied further education	Q2 24/25		Q3 24/25	On Target		Starts Oct24 / Completes Dec27

**1.2 Provide initiatives to encourage Gaelic language learning for young people and families in the home.
Q3 24/25**

Completed

0

On Target

6

Some Slippage

0

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
Create an online Gaelic language resource for GME parents	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing
Deliver the three-year Gaelic Birth to Three plan	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Starts Apr24/ Completes Dec27
Family learning initiatives/promotional events to support GME parents/pupils	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing current practice
Fàs Foghlaim resource to promote GME with early years parents	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing current practice
Gaelic Family Learning Week delivered in partnership with SMO	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing current practice
Suite of progressive Gaelic classes to support language in the home	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing current practice

**2.1 Gaelic Media and Arts output – create opportunities for expression, skills, access, participation and creativity.
Q3 24/25**

Completed

1

On Target

4

Some Slippage

0

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
In partnership deliver the MG ALBA Traditional Music Awards in the Highland area	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	Completed		COMPLETED Q3 24/25
Increase the delivery of Gaelic cultural activities across the Highlands	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
In partnership with An Comunn Gàidhealach deliver the Royal National Mòd in autumn 2025	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Starts Apr24 / Completes Dec25
Representatives from across the Highlands participate annually in FilmG	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Continue to support Gaelic cultural centres such as Cultarlann Inbhir Nis	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing current practice

**3.1 Use Gaelic in businesses and social enterprises, and as an economic asset in Scotland.
Q3 24/25**

Completed

0

On Target

4

Some Slippage

0

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
Promote/realise the benefits of Gaelic community hubs and Cultarlanns	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Work with agencies/partners to realise the economic benefits of Gaelic and its culture	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing
Work with Ainmean-Àite na h-Alba to promote the economic benefits of Gaelic place-names/signage	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Research to identify where former GME pupils have studied further education	Q2 24/25		Q3 24/25	On Target		Starts Oct24 / Completes Dec27

4.1 Deliver continued promotion and growth in GME and GLE at all levels including delivery of Gaelic as a modern language. [1] Q3 24/25

Completed

0

On Target

8

Some Slippage

0

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
% GM Nursery Pupils CP1.11	AY 23/24	9.25 %	AY 24/25			annual update January
% GM Primary Pupils CP1.11	AY 23/24	6.71 %	AY 24/25			annual update January
% Gaidhlig Secondary Pupils CP1.11	AY 23/24	3.17 %	AY 24/25			annual update January
Increase access to L2 and L3 Gaelic to 70% through digital support	Q2 24/25		Q3 24/25			
Promotion of online training for teachers delivery of 1+2 Gaelic	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing
Map and target-set schools for Gaelic L2 and L3 support	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Starts Apr24/ Complete Dec24
The number of schools delivery Gaelic L2 and L3	Q2 24/25		Q3 24/25	2		
The number teachers trained to deliver 1+2 Gaelic	Q2 24/25	14	Q3 24/25	5		

**4.1 Deliver continued promotion and growth in GME and GLE at all levels including delivery of Gaelic as a modern language. [2]
Q3 24/25**

Completed

0

On Target

8

Some Slippage

0

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
Annually develop the 3–18 GME curriculum vision across Highland with focus on senior phase	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Annually promote/support Career-Long Professional Learning (CLPL) for all Gaelic education providers	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Develop the digital offer across Highland to support the Secondary GME Rationale	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Promote and support schools to deliver pathways for Gaelic learning	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Provide opportunities for EM pupils within GM schools to learn about Gaelic language and culture	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing
Undertake community consultation on models of opportunities for GME ELC	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Ongoing

4.2 Expand the delivery of Gaelic Medium Education [includes creation of new schools and increased provision] Q3 24/25

Completed

1

On Target

3

Some Slippage

3

No Significant Progress

0

Not Updated

0

Actions PIs being Monitored in Gaelic Plan	Period	Data	Period	Data	Target Value	Completion/ Update Date
3-18 stakeholder groups review and monitor leadership models with CLPL opportunities	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	Some Slippage		Ongoing
Develop a complementary GME strand to Highland Literacy	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		Starts Apr24 / Completes Dec29
Develop a strategic and responsive digital offer for online curriculum delivery	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	On Target		ongoing annually
Development of strategic aims for education in relation to National GLP	Q2 24/25	Some Slippage	Q3 24/25	On Target		Starts Aug24 / Completes Dec25
Engage with internal/external stakeholders to develop an engagement model	Q2 24/25	On Target	Q3 24/25	Some Slippage		ongoing annually
Identify a possible location for a 3–18 campus in Inverness	Q2 24/25	Some Slippage	Q3 24/25	Some Slippage		Starts Apr24 / Completes Dec25
Use the 3–18 GME Inverness feasibility study to provide an understanding of parental demand	Q2 24/25		Q3 24/25			COMPLETED Feb24

Listed below are actions in the Gaelic Language Plan which will be monitored and progressed later in the life of the Plan.

Future Actions within the Gaelic Language Plan	Period	Data	Date Monitoring Starts/ Completes
Opportunities to create secure/supervised online Gaelic gaming clubs for young people	Q3 24/25		Starts Jan25 / Completes Dec25
Supplement the Fàs Foghlaim resource and update HC parental GME information handbook	Q3 24/25		Starts Jan25 / completes Dec25
Create a rationale to illustrate the GME curriculum offer in the Highland secondary sector	Q3 24/25		Starts Jan25 / Completes Jun26
With agencies/partners develop a Creative Industries (Arts) Economic Impact Study	Q3 24/25		Starts Jan25 / Completes Dec26
Create online Gaelic resource for the business community, to highlight the economic benefits of using Gaelic	Q3 24/25		Starts Apr25 / Completes Dec26
Promote the economic benefits of Gaelic to the local business sector	Q3 24/25		Starts Apr25 / Completes Dec26
Plan and deliver a Gaelic literacy accreditation rationale for all GME pupils by the end of S3 by 2027	Q3 24/25		Starts Aug25 / Completes Jun27
Audit key transition points to understand challenges for young people choosing GME pathway	Q3 24/25		Starts Jan26 / Completes Jun27
Establish 3–18 stakeholder groups to review collaborative partnerships	Q3 24/25		Starts Aug 26 / Completes Jun27
Work in partnership with Celtic Media Festival to deliver the festival in the Highlands	Q3 24/25		Starts Jan27 / Completes Dec29
Review school designations, with consideration to supporting the immersion experience	Q3 24/25		Starts Aug27 / Completes Jun28
Take forward the outcomes of the Creative Industries (Arts) Economic Impact Study to the Gaelic Committee	Q3 24/25		Starts Apr29 / Completes Dec29

CORPORATE SERVICE AIMS

CSA01 Status	Q3 24/25
CSA - Logo and Brand	On Target
CSA - Signage	On Target

CSA02 Communicating with the Public	Q3 24/25
CSA - Promotion	On Target
CSA - Public Meetings	On Target
CSA - Reception and Phone	On Target
CSA - Written Communication	On Target

CSA03 Information	Q3 24/25
CSA - Corporate Publications	On Target
CSA - Exhibitions	On Target
CSA - Language	On Target
CSA - News Releases	On Target
CSA - Social Media	On Target
CSA - Website	On Target

CORPORATE SERVICE AIMS

CSA04 Staff	Q3 24/25
CSA - Awareness Training	Some Slippage
CSA - Induction	On Target
CSA - Internal Audit	On Target
CSA - Language Training	On Target
CSA - Recruitment	On Target
CSA - Using Gaelic	On Target

CSA05 Gaelic Corpus	Q3 24/25
CSA - Gaelic Orthographic Conventions	On Target
CSA - Place-names	On Target